

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Eilean nan Ròn (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,248. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 944 corresponds to Litir 1,248. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi a' bruidhinn mu Eilean nan Ròn ann am fìor cheann a tuath na h-Alba ann an Dùthaich MhicAoidh. Tha e aig beul Caolas Thunga. Nuair a bha slugh a' fuireach ann, bhiodh iad a' sealg nan ròn. Chan e an fheadail no na bèin a bha iad ag iarraidh, ach an ola. Bha an ola feumail dhaibh oir bha iad ga cleachdadh ann an leigheas. Bha iad ga toirt do na laoiha aca. Bha iad cuideachd ga cleachdadh iad fhèin, mar chungaidh-leigheis airson a' bhroilich.

Ann an clàr air Tobar an Dualchais, tha Dòmhnall MacAoidh ag innse dhuinn gun robh iad a' sealg nan ròn-glasa aig deireadh an fhoghair. 'S iad na cuileanan a bha iad a' marbhadh – le maide. Bhiodh iad a' toirt na saille dhiubh agus ga leaghadh ann am panaichean a-muigh air latha tioram.

Chan iad na ròn a-mhàin a bhiodh iad a' sealg. Chuir e iongnadh orm nuair a chuala mi aig Dòmhnall gun robh cearcan-fraoich pailt air an eilean. Bhiodh iad a' dol a-null à tìr-mòr. Bhiodh na h-eileanaich gan sealg.

Tha Dòmhnall ag ainmeachadh eun eile a bhiodh iad a' sealg ann am meadhan a' gheamhraidh nuair a bha sneachd air na creagan. 'S e *coileach-càirn*, no mar a chanas iad ann an Dùthaich MhicAoidh, *caileach-càirn* a bh' air an eun mar ainm. Bha e beag is donn ach chan eil mi cinnteach dè an seòrsa eòin a bh' ann. Cha robh fios eadhon aig na h-eòlaichean à Sgoil Eòlais na h-Alba dè an seòrsa a bh' ann. Ma tha smuain agaibh fhèin, nach cuir sibh fios thugam?!

Bha glè bheag de mhamailean fiadhaich air an eilean. Cha robh maighich ann, no sionnaich, no radain no luchan. **Cha robh no nathraichean.** Bhiodh na h-eileanaich a' falbh a-null gu eilean eile – Eilean nan Coinean – airson coineanaich a shealg. Cha robh gin dhiubh air Eilean nan Ròn.

Nise, bha mi ag innse dhuibh mu Eilean Stròma o chionn ghoirid. Tha e faisg air Taigh 'an Ghròt ann an Gallaibh. Uill, bha ceangal ann eadar Eilean nan Ròn agus Stròma. Bhiodh na h-iasgairean à Eilean nan Ròn a' cleachdadh bhàtaichean a bh' air an togail ann an Stròma. Bha fichead 's a ceithir troighean a dh'fhaid annta. Bha dìreach seòl-mòr orra.

An dèidh a' Chiad Chogaidh, chaidh cùisean bhuaithe ann an Eilean nan Ròn. Bha iasgach an sgadain a' dol air ais, a rèir **Dhòmhnail MhicAoidh**. Dh'fhalbh feadhainn gu Astràilia. Tràth anns na ficheadan, fhuair trì teaghlaichean fearann faisg air làimh air tìr-mòr. Bha sin ann am Borghaidh far an deach croitean ùra a

chruthachadh air seann tuathanas. Bha iad sin do dhaoine a bh' air a bhith a' sabaid anns a' chogadh.

Dh'fhalbh na daoine mu dheireadh ann an naoi ceud deug, trithead 's a h-ochd (1938). Ach cha robh Eilean nan Ròn buileach gun daoine bhon uair sin. Dusan bliadhna an dèidh do mhuinntir an àite falbh, chaidh buidheann a dh'fhuireach ann airson greis. 'S e oileanaich a bh' anns a' chuid mhòir dhiubh, agus bha iad a' gabhail pàirt ann an deuchainn mheidigeach co-cheangailte ris a' chnatan.

Bha iad airson àite a lorg far am biodh iad leotha fhèin, gun luchd-tadhail a' tighinn ann, ach far an robh taighean anns am biodh iad a' fuireach. Thagh iad Eilean nan Ròn. Innsidh mi dhuibh mun deuchainn anns an ath Litir.

* * * * *

Faclan na Litreach: Caolas Thunga: *The Kyle of Tongue*; leigheas: *cure, treatment*; laoigh: *calves*; ròin-ghlasa: *grey seals*; cearcan-fraoich: *red grouse*; Eilean nan Coinean: *the island of the rabbits*; seòl-mòr: *mainsail*; Borghaidh: *Borgie*; oileanaich: *students*.

Abairtean na Litreach: Nuair a bha sluagh a' fuireach ann, bhiodh iad a' sealg nan ròn: *when a population was living there, they would be hunting the seals*; chan e an fheòil no na bèin a bha iad ag iarraidh, ach an ola: *it wasn't the meat or the hides that they were wanting, but the oil*; mar chungaidh-leigheis airson a' bhroillich: *as a medical treatment for the chest*; deireadh an fhoghair: *the end of the autumn*; 's iad na cuileanan a bha iad a' marbhadh – le maide: *it's the pups they were killing – with a club*; bhiodh iad a' toirt na saille dhiubh: *they would take the blubber from them*; ga leaghadh ann am panaichean a-muigh air latha tioram: *melting it in pans outside on a dry day*; meadhan a' gheamhraidh nuair a bha sneachd air na creagan: *the middle of winter when there was snow on the crags*; chan eil mi cinnteach dè an seòrsa eòin a bh' ann: *I'm not sure what sort of bird it was*; na h-eòlaichean à Sgoil Eòlais na h-Alba: *the experts from the School of Scottish Studies*; nach cuir sibh fios thugam?: *won't you let me know?*; glè bheag de mhamailean fiadhaich: *very few wild mammals*; cha robh maighich ann, no sionnaich, no radain no luchan: *there were no hares or foxes or rats or mice*; faisg air Taigh 'an Ghròt ann an Gallaibh: *near John O' Groats in Caithness*; a' cleachdadh bhàtaichean a bh' air an togail ann an Stròma: *using boats that were built in Stroma*; an dèidh a' Chiad Chogaidh, chaidh cùisean bhuaithe: *after the First War, things went downhill*; far an deach croitean ùra a chruthachadh air seann tuathanas: *where new crofts were created on an old farm*; deuchainn mheidigeach co-cheangailte ris a' chnatan: *a medical experiment connected to the common cold*.

Puing-chànain na Litreach: Bha iasgach an sgadain a' dol air ais, a rèir

Dhòmhnaill MhicAoidh: *the herring fishing was diminishing, according to Donald Mackay. A rèir is a compound preposition which takes the genitive case. This also affects personal names. Thus Dhòmhnaill MacAoidh (nominative) becomes Dhòmhnaill MhicAoidh (genitive). A rèir Chalum MhicAmhlaigh 'according to Calum MacAulay; a rèir Alasdair Mhoirich 'according to Alasdair Murray'; a rèir Anna Mhoireach 'according to Ann Murray'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Cha robh no nathraichean: *nor were there snakes.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA